

AINM:

CLAS:

Ìre 4-7 Fìleantaich

Aon Fheasgar

le Pòl MacRonghais



Faclair

Tha beartas cànanan san stòiridh Aon Fheasgar. Nochd gach facal/abairt air an taobh chlì san stòiridh. Le taic bho fhaclair, tagh a' chiall cheart bhon liosta air an an taobh dheas do gach facal/abairt air an taobh chlì:

iomagain	crotach
air a' chorra-biod	èibhleagan às an teine
a' bocadaich	briathrach, math air bruidhinn
grìosach	sòlaimte
glug a' chaoinidh	daoine a tha a' frithealadh tiodhlcadh
cuagach	dragh
pongail	a' leum
dùrachdach	a' seasamh air bàrr d' òrdagan
luchd-caoidh	nàire
ruamhar	cladhach
tàmait	nuair a dh'fhairicheas tu gu bheil thu a' dol a ghal

Ceistean


Obraich còmhla ri caraid. Freagair na ceistean a leanas:

- Dè an aois a bha Tormod aig an àm?

(a) ochd	(c) deich
(b) naoi	(d) aon-deug
- Cò ris a bha Dòmhnall coltach, am beachd Thormoid?

(a) laghach	(c) dòigheil
(b) modhail	(d) bragail
- Cò an tè/am fear as truasaile dhiubh, am beachd Thormoid?

(a) Màiri	(c) Ruairidh
(b) Dòmhnall	(d) Eòghann



4. Carson a tha Malag gu bhith trang sa mhadainn?
 (a) Tha i gu bhith sa mhòine. (c) Tha i gu bhith aig a' chrodh.
 (b) Tha i gu bhith a' falbh. (d) Tha i gu bhith a' bèicearachd.
5. Dè rinn a' chlann nuair a chuala iad an naidheachd mu Shusanna?
 (a) Thòisich iad air gàireachdainn. (c) Bha iad coma.
 (b) Bha iad uile gu math duilich. (d) Ghabh cuid dhiubh gu dona e.
6. Carson nach robh e buileach ceart a ràdh gur i "an tunnag a b' èibhinne 's bu lugha nàire a ghluais air dà spòig riamh"?
 (a) Bhris i aon chas nuair a bha i òg. (c) Bha nàire oirre.
 (b) Cha dèanadh i gluasad idir. (d) Cha robh i èibhinn.
7. Ciamar a shiubhail a' chlann nuair a dh'fhalbh iad airson Susanna fhaicinn?
 (a) Bha iad a' ruith agus a' leum gu sunndach. (c) Bha iad sòlaimte, mar luchd-caoidh.
 (b) Bha iad a' sabaid am measg a chèile. (d) Cha robh cus ùidh aca sa ghnothach.
8. Carson nach robh càch toilichte le Dòmhnall Ruadh?
 (a) Thòisich e air magadh air gnothaichean. (c) Bha e airson a thoil fhèin fhaighinn.
 (b) Cha robh e airson Susanna a thiodhlacadh. (d) Cha do chladhaich e domhainn gu leòr.
9. Dè dh'aontaich iad uile nuair a chaidh Susanna a thiodhlacadh?
 (a) Gum fàgadh iad Susanna leatha fhèin. (c) Gum bu chòir dhaibh salm a ghabhail còmhla.
 (b) Gun robh còir aca crois a dhèanamh dhi. (d) Gum biodh e math gèam a chluich.
10. Carson nach do sgrìobh iad barrachd air SUS air a' chrois?
 (a) Dh'fhàs e dorcha. (c) Dh'fhàs an teàrr a chleachd iad fuar.
 (b) Bhiodh SUSANNA doirbh a litreachadh. (d) B' e SUS am far-ainm a bh' oirre.
11. Dè rinn Malag nuair a chunnaic i na rinn a' chlann?
 (a) Mhill i a' chrois agus phronn i fo casan i. (c) Thòisich i air caoineadh.
 (b) Thug i a-mach biadh agus deoch dhaibh. (d) Dh'fhalbh i a dh'iarraidh a' chruidh.

Labhairt Aon-neach



Tha thu a' dol a dheasachadh òraid ghoirid stèidhichte air rudeigin a thachair riut nuair a bha thu òg. Bidh agad ri innse:

- Cuin a thachair seo?
- Dè an aois a bha thu aig an àm?
- Dè thachair?
- Carson a tha cuimhne agad air fhathast?
- Feuch ri cuspair math a thaghadh a chòrdas ris an fheadhainn eile sa chlas.
- Dèan cinnteach gu bheil an òraid air a libhrigeadh gu snasail, inntinneach agus gu bheil na faireachdainnean a bh' agad aig an àm a' tighinn troimhe coltach ri faireachdainnean Thormoid ann an **Aon Fheasgar**.
- Dèan cinnteach nach leugh thu d' òraid, ach bidh cead agad notaichean a chleachdadh
- Dh'fhaodadh an tidsear agus an còrr den chlas measadh a dhèanamh air mar a thèid dhut mar phàirt den chùrsa agad.

no

Dràma

Ann am buidhnean, smaoinichibh air an dòigh san deach an sgeulachd seo innse. A bheil an neach-aithris a' bruidhinn bho thaobh nan inbheach no bho thaobh na cloinne anns an stòiridh? Ciamar a tha fhios agaibh?



Sgrìobhaibh dealbh-chluich far a bheil buidheann de dhaoine òga ag obair air rudeigin còmhla.

- Seallaibh cho eadar-dhealaichte 's a tha caractaran agus mar a tha iad uaireannan ag obrachadh gu math còmhla agus uaireannan eile ag argamaid am measg a chèile.
- Nuair a tha sibh deiseil, faodaidh sibh an dealbh-chluich a shealltainn don chòrr den chlas gus an dèan iad measadh air ciamar a chaidh dhuibh agus dè dh'fhaodadh sibh a dhèanamh na b' fheàrr an ath thuras.

A' sgrìobhadh mu litreachas

Sgrìobh lèirmheas air **Aon Fheasgar**.

Minich:

- Dè an t-ainm a th' air an sgeulachd agus cò sgrìobh i.
- Suidheachadh na sgeòil – a bheil e cudromach don sgeulachd? Carson?
- Prìomh chuspair na sgeòil – cò mu dheidhinn a tha i?
- Na caractaran a tha a' nochdadh san sgeulachd agus mar a tha iad eadar-dhealaichte bho chèile.
- Dè tha sònraichte mun sgeulachd? Smaoinich air a' chànan a thathar a' cleachdadh, air a' chuspair, guth an neach-aithris agus mar a tha an sgeulachd a' crìochnachadh.
- A bheil i a' toirt ort fhèin a bhith a' smaoinichadh air nuair a bha thu òg? An d' rinn thu riamh an aon seòrsa rud?
- A bheil thu a' smaoinichadh gun do thachair an aon seòrsa rud ris an sgrìobhadair? Minich do fhreagairt.
- A bheil an sgeulachd soirbheachail? Carson?

Obair Leudachaidh

Gheibhear an dealbh-chluich Aon Fheasgar air làrach Stòrlann:
www.storlann.co.uk/goireasan/drama.html

